6. D

H.M. 72.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

"MOLADH A BHREACAN."

(Air fa sgriobh le Rob. Macleoid.)

Luinneag.—Ho am breacan, seadh am breacan,
Eidibh ghaidheal air an t' sliabh;
Eidibh a ghaisgeach ann's a còmhrag,
Eidibh 'sgairteil a caith duinne riamh.

Co a dhalbhas, co a ruitheas,
Co a sgaibhaileas troi na bhlàr;
Co a bhaitheas là 's'n direadh
Breacach allt, no ruith gearr;
Co dan deoin bhi ann's na frithibh,
'Cumail gunna ri sròn an fheidh;
Seadh am breacan, seadh am fleilidh,
Seadh bu chor bhi a-nur-deigh.

Luinneag.—Ho am breacan, &c.

Moladh don' thomunn ghaidhealach,
Dhruinnich sinn an diugh 'san dé;
Do na pìobairean thuin ceòl rinn,
'S do na speoid tha'n co-stri réidh.
Am fear a shealladh an diugh san dé orb,
'S è gun àrdan,—bha na thràill!
Fear a shealladh 's nach molladh,
Cha bu leis cridhe a ghaidheil!

Luinneag.—Ho am breacan, &c.

Clann nan Gaidheal, tha iad duineil,
Tha iad cridheil, tha iad treun;
H-uile fear dul troi an t-saobhal,
'S'e deanadh rathad tha fein.
Cumaidh sinn an cuimhne ur cinneadh,
'S Caitheadh sinn am breacan-feile;
Agus òl sinn am fad 's beò sinn,
"Clann nan gaidheal an guailnibh a cheile."

Luinneag.—Ho am breacan, seadh am breacan,
Eidibh ghaidheal air an t' sliabh;
Eidibh a ghaisgeach ann's a còmhrag
Eidibh 'sgairteil a caith duinne riamh.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

W. WILSON & SINCLAIR, EDINBURGH.